

## Feumalachdan Taice a Bharrachd

- Ma tha còir aig ur pàiste air àite maoinichte agus ma tha cuideachd feum aca air taic a bharrachd, bu chòir dhuibh bruidhinn ris an luchd-obrach aig an ionad aig àm clàrachaidh.

## Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne sa Ghàidhlig

- Ma tha sibh ag iarraidh gum faigh ur pàiste Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig, tha 21 Ionad Ùghdarras Ionadail agus 3 Ionadan Com-pàirteach Saor-thoileach tro mheadhan na Gàidhlig air Ghàidhealtachd an-dràsta. Fhad 's a tha àite ann, gabhar ri clàrachaidhean do chloinn à sgìre sam bith airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

## Inntrigeadh Dàilichte gu Clas 1

- Ann an cuid de shuidheachaidhean faodar maill a chur air clàrachadh pàiste gu Clas 1. Bu chòir bruidhinn ri luchd-teagaisg mun seo sa bhliadhna ro-sgoile. Ma tha maill air a chur air clàrachadh gu Clas 1 is dòcha gun tèid bliadhna ro-sgoile mhaoinichte eile a thoirt seachad.

## Tuilleadh Fiosrachaidh

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho:

**Seirbheis Cùraim-chloinne & Foghlaim Thràth**

**Fòn: 01463 703184**

**Post-d: [familyinformationservice@highland.gov.uk](mailto:familyinformationservice@highland.gov.uk)**

**Làrach-lìn: [www.scottishfamilies.gov.uk](http://www.scottishfamilies.gov.uk)**

Comhairle na Gàidhealtachd  
Seirbheis Cùraim-chloinne & Foghlaim Thràth  
An t-Seann Sgoil, Àrd-Shràid, Clach na h-Aithrigh, Inbhir Nis, IV3 8RB




**Fòn: 01463 703184 Post-d: [familyinformationservice@highland.gov.uk](mailto:familyinformationservice@highland.gov.uk)**

## Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne do Chloinn Aois 3 & 4 Bliadhna 2016-2017



## Àiteachan Maoinichte san Lùnastal 2016

- Tha àiteachan maoinichte rim faotainn ann an sgoiltean-àraich sgoile, cròileagain no sgoiltean-àraich priobhaideach aig a bheil barantas bho Chomhairle na Gàidhealtachd gus Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne a thoirt seachad. An-dràsta tha 160 Sgoil-àraich aig an Ùghdarras Ionadail, 20 Com-pàirtiche Priobhaideach barantaichte agus 42 Com-pàirtiche Saor-thoileach barantaichte. Bidh na h-ionadan uile a tha a' tabhann àiteachan maoinichte a' toirt seachad an aon churraicealam agus tha iad uile gam measadh a rèir Barantas Càileachd Chomhairle na Gàidhealtachd agus sgrùdaidhean nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Chan eil Fritheilichean Chloinne clàraichte sam bith a' faighinn maoineachadh an-dràsta.
- Tha caochladh àiteachan anns am faigh sibh fiosrachadh mun t-seirbheis Thràth-ionnsachaidh agus Chùraim-chloinne as fhaisge oirbh san Lùnastal: a' bhun-sgoil ionadail, Ionad-Seirbheis na Comhairle, Oifis Cùraim agus Ionnsachaidh na Sgìre no Seirbheis an Tràth-ionnsachaidh agus a' Chùraim-chloinne.
- Thèid prìomhachas a thoirt dhan chloinn a tha a' fuireach ann an sgìre na sgoile, mura h-eilear a' cleachdadh solaraiche iomlan Cùraim-latha.
- Faodaidh clann uile an làn-chòir a roinn eadar 2 ionad, ach cha tèid barrachd air 16 uair san t-seachdain de Thràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne a mhaoineachadh.
- Aig Sgoiltean-àraich an Ùghdarras Ionadail, gabhar ri clann a rugadh eadar 01 Sultain 2013 agus 28 Gearran 2014 bhon t-seachdain an dèidh dhaibh a bhith trì. Bidh cosgais £3.45 san uair ann a rèir phrìsean cùraim-chloinne an ama, a dh'fhaodas atharrachadh.
- Faodaidh ionadan Saor-thoileach no Priobhaideach na h-ullachaidhean aca fhèin a dhèanamh gus clann a ghabhail mus bi còir aca àite maoinichte fhaighinn. Bidh poileasaidhean cosgais aca fa leth.
- Cumar co-chomhairle leantainneach le pàrantan is solaraichean thar an t-seisein gus coimhead air co-dhiù a tha ullachaidhean làithreach a' coinneachadh ri feumalachdan.



## Cò gheibh àite an-asgaidh?

Feumaidh clann aig a bheil còir air àiteachan làn-mhaoinichte airson Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne a bhith air am breith taobh a-staigh chinn-latha sònraichte airson na bliadhna sgoile a tha tòiseachadh san Lùnastal 2016. Tha na cinn-latha sin stèidhichte le Riaghaltas na h-Alba mar a leanas:

A' Bhliadhna ron Bhliadhna Ro-sgoile ("Trì Bliadhna a dh'Aois")

Tha iadsan a rugadh air no eadar

**1 Màrt 2013 — 31 Lùnastal 2013** airidh air àite maoinichte bho **Lùnastal 2016**

**1 Sultain 2013 — 31 Dùbhlachd 2013** airidh air àite maoinichte bho

**Fhaoilleach 2017**

**1 Faoilleach 2014 — 28 Gearran 2014** airidh air àite maoinichte bho

**Ghiblean 2017**

## Ciamar a chlàras mi mo phàiste airson àite maoinichte ann an 2016-2017?

- Ma tha còir aig ur pàiste air àite maoinichte sa bhliadhna sgoile 2016/2017 faodaidh sibh fhèin ionad airson Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne a thaghadh agus clàrachadh iarraidh bhuapa. Feumaidh sibh teisteanas-breith ur pàiste no dearbh-aithne le dealbh a thoirt leibh.
- **Tha "an t-seachdain chlàrachaidh" a' tòiseachadh air 1 Gearran 2016 aig a h-uile ionad.** Ged nach amaiseadh sibh air a' cheann-latha sin faodaidh sibh clàradh an dèidh sin fhad 's a tha àite saor aig an ionad a thagh sibh. Ach tha e nas fheàrr ur pàiste a chlàradh cho tràth 's a ghabhas air an t-seachdain chlàrachaidh.

## Dè na tha pàighte?

- Ma tha còir aig ur pàiste air àite maoinichte tha sin a' ciallachadh gur dòcha gum faigh i/e 600 uair a thide de Thràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne, no co-roinn den sin. Faodaidh pàrantan na h-uairean a chleachdadh ann an dòigh shùbailte fhad 's nach gabhar barrachd air 16 uairean gach seachdain no 8 uairean ann an latha no còrr is 38 seachdain. Pàighear an t-ionad Tràth-ionnsachaidh agus Cùraim-chloinne gu dìreach airson nan uairean a tha clàraichte airson ur pàiste. Chan eil airgead sam bith air a phàigheadh gu dìreach do phàrantan.
- Thoiribh an aire gur ann air pàrantan/luchd-cùraim na cloinne a tha uallach siubhail na cloinne gu is bhon ionad a thagh iad.